

An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Iuchar 2017 / July 2017

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bho Chathraiche Comataidh a' Mhòid

Leis gun leig mi seachad mo dhreuchd mar Cheann-suidhe, tha dleastanas ùr orm a-nis mar Chathraiche air Comataidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, dreuchd a tha gam chumail trang gu sònraichte seach gu bheil an latha mu dheireadh airson tagraidhean Mòd Nàiseanta na bliadhna seo a-nis seachad. A rèir gach coltais tha na h-àireamhan a' leantainn aig ìre gu math àrd agus àrdachadh math de dh'fharpaisich ann an grunn de phrìomh fharpaisean inbheach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil barrachd cuideam air prògram a tha mu-thrath teann agus gum bi againn ri dèanamh cinnteach gum bi gu leòr bhrìtheamhan an làthair nuair a tha feum orra. Thadhal mi air grunn Mhòdan Ionadail am-bliadhna agus bha sin gu math misneachail agus e cho tlachmhoir a bhith a' faicinn uimhir de dh'fharpaisich èasgaidh aig na tachartasan sin, gu sònraichte an òigridh, a' taisbeanadh an cuid comasan Gàidhlig is ciùil aig àrd-inbhe. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' faicinn agus a' coimhead mòran dhiubh ann an Loch Abar san Dàmhair. Tha sinn gu mòr an eisimeil na h-oidhirpean a tha luchd-teagaisg agus pàrantan a' dèanamh le bhith a' brosnachadh agus a' cumail taic ri òigridh a tha cho tàlantach.

Tha mi toilichte a ràdh gu bheil an t-saothair anns a bheil luchd-obrach an sàs a' tadhal air sgoiltean ann an sgìre a' Mhòid gach bliadhna airson a bhith a' brosnachadh na cloinne a dhol an sàs ann am farpaisean a' Mhòid, air a bhith air leth soirbheachail a-rithist ann an Loch Abar, agus tha sinn an dùil gum bi àireamh mhath de dh'fharpaisich bhon sgìre aig a' Mhòd airson a' chiad uair. Tha ceòl traidiseanta agus òrain Ghàidhlig air a bhith mar phàirt de dhualchas Loch Abar fad grunn ghinealaichean agus tha dùil gum faicear a' bhuaidh sin fad seachdain a' Mhòid. Tha sinn an dòchas gun urrainn dhuibh a thighinn còmhla rinn a-rithist san Dàmhair airson deagh sheachdain de thachartasan Gàidhlig ann an deagh àite.

Iain Macleòid, Cathraiche Comataidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Message from the Chair of the Royal National Mòd Committee

With my responsibilities as President now behind me, a new role as Chair of the Royal National Mòd Committee is keeping me busy and especially now that the entry deadline for this year's Mòd has passed. The early indications are that the number of entries have remained very high with some notable increases in key adult competitions. This puts us under pressure to finalise a busy programme and ensure that sufficient adjudicators are available when they are required. My visits to Local Mods this year were very encouraging too and it is a delight to witness so many keen competitors at these events, especially the very young, demonstrating a high standard of Gaelic and musical skills. We look forward to seeing and hearing many of them in Lochaber this October. We owe so much to the efforts of teachers and families who encourage and support these talented young people.

I am pleased to say that the Mòd Roadshow which is now an annual feature of preparation and promotion of Mòd activity in the host area, has again been successfully put into effect in Lochaber, and well received, and we look forward to having a large number of local competitors taking part in October. Lochaber is an area where there is a strong influence of traditional music and Gaelic song throughout several generations and we expect to see examples of that strong Gaelic heritage displayed throughout the week of the Mòd. I hope you will be able to join us in what is building up to be another exciting week in the Gaelic calendar at a most attractive location.

John Macleod, Chair, Royal National Mòd Committee.



www.enter.ancomunn.co.uk

Am Mòd Nàiseanta Rìoghail

Loch Abar 13-21 den Dàmhair 2017

Dreach clàr-ama a-nis air-loidhne

Gheibhear dreach prògram airson farpaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail gu h-ìosal.

Cuimhnichibh nach eil ann ach dreach tràth den phrògram agus gun tèid atharraichidhean a dhèanamh fhathast. Tha sinn fhathast ag obair air rianachd na farpaisean gu tallaichean

Draft Timetable now Online

Please click the link below to view a draft version of this year's Royal National Mòd Programme.

Please note that this is an early draft of the programme and will be subject to changes as we are in the process of allocating competitions to venues.

Measadh Gàidhlig

Cuimhnichibh gum faodar iarrtas a chur chun Chomunn Ghàidhealach gus measadh a dhèanamh aig àm sam bith ron Mhòd ach tron t-Sultain.

Cuiribh fios gu Seonag Anderson, seonag@ancomunn.co.uk, no cuiribh fòn gu 01463 709705.

Gaelic Testing

Remember that appointments for Gaelic Assessments can be made throughout the year, excluding September.

Contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709705 to arrange an appointment.

Ceann-latha airson Duaisean a thilleadh

Trophy Deadline

31/07/2017

Duaisean a' Mhòid | Mod Trophies

Bu chòrr dhuibh a bhith air duaisean a' Mhòid a thilleadh thugainn a-nis. Bu chòrr dhaibh uile a bhith ann an staid reusanta airson Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar 2017. Mur a bheil sibh air an tilleadh thugainn, cuiribh fios thugainn cho luath's a ghabhas.

All trophies should now have been returned so that we can make sure that we have them all and that they are in good condition for The Royal National Mòd in Lochaber. If you have not returned your trophies, please contact us as soon as possible.

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703487
peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnadaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709705
seonag@ancomunn.co.uk



First Aid Support - Volunteers needed

The Royal National Mod, Scotland's largest Gaelic Arts festival, is looking for First Aid volunteers to help provide First Aid provision at various events during the festival.

The annual event celebrates the Gaelic language and culture and is fun, family friendly offering something for everyone.

We would be delighted if you wish to volunteer at this great event, whether you could give of your time for half-day, a day or more. We are certain that you will enjoy yourselves. The event will be held from Friday 13th October to Saturday 21st October across Lochaber.

If you are interested or would like more information then please get in touch email volunteering@valochaber.org or phone on 01397 706044.

Ciad-fhuasgladh—taic a dhìth

Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail, an fhèis Gàidhlig is motha ann an Alba, a' sireadh luchd-taic a bheir cuideachadh le ciad-fhuasgladh aig tachartasan Mòd na bliadhna seo.

'S e tachartas bliadhnail a tha seo, a bhios a' comharrachadh agus a' brosnachadh cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e tachartas spòrsail a th' ann, dha òigridh, inbhich, teaghlachan is eile. Bhiodh sinn gu mòr n'ur comain nan toireadh sibh bh' ur taic leis an tachartas seo, airson leth-latha, latha slàn no càil sam bith eile. Tha sinn cinnteach gun còrd e ribh.

Thèid an tachartas a chumail eadar an 13mh agus an 21mh den Dàmhair ann an sgìre Loch Abar.

Ma tha ùidh agaibh, cuiribh fios thugainn air post-d gu: volunteering@valochaber.org no cuiribh fòn air 01397 706044.

Feumaidh sinn taic! We need you!

Tha Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar 2017 a' lorg luchd-cuideachaidh a tha deònach taic a thoirt mar stiùbhardan aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair.

Thèid am Mòd a chumail air 13-21 an Dàmhair am bliadhna.

Thèid fàilte air a h-uile duine fiù 's ged nach eil sibh saor ach airson leth-latha.

Ma tha ùidh agaibh ann a bhith nur stiùbhard, cuiribh fios gu: lochabar2017@gmail.com

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b'urrainn dhuibh am fios seo a' sgaoileadh fad is farsaing!

Whether you can donate your time for half the week or half a day we would be delighted to have you on board.

The Mòd will run from Friday 13th of October to Saturday 21st of October.

If you are interested in stewarding for us please contact us at:

lochabar2017@gmail.com





Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Mòd Chille Bhrìghde an Ear

Chaidh Mòd Ionadail Chille Bhrìghde an Ear a chumail ann an Bun Sgoil Bun Chamshroin air an 2^{mh} agus 3^{mh} den t-Ògmhios, 2017.

Bha na h-àireamhan de chloinne a gabhail pàirt suas gu mòr agus 's e deireadh sheachdain gu math soirbheachail a bh'ann!

Tha sinn an dòchas gum bith na h-àireamhan againn a meudachadh gach bliadhna.

Taing mhòr dha na farpaisich a ghabh pàirt anns a' Mhòd againn am bliadhna-sa agus taing dhan a h-uile duine a thug taic gus dèanamh cinnteach gur e deireadh sheachdain math dha rìreabh a bh' againn.

Mòd Sgìre an Òbain

Chòrd Mòd Sgìre an Òbain ris a h-uile duine. Bha latha na cloinne trang ach bha e foillaiseach gun robh daoine air an dòigh, le barrachd na 's àbhaist a' gabhail pàirt agus bha tìde mhath againn!

Air an latha bha clann ann bho cho fada tuath ris a' Ghearasdan agus cho fada deas ri Ceann Loch Gilb. Chòrd iad gu mòr ris an luchd-èisdeachd oir bha na farpaisich air deagh ullachadh a dhèanamh airson na co-fharpaisean.

Mar is àbhaist bha farpaisean bàrdachd, seinn, ceòl agus còmhraidh againn. Bha e gu math spòrsail a bhith a còmhraidh ris na sgoilearan as an Àrd-sgoil mu dheidhinn na meadhanan sòisealta. Aig deireadh a chòmhraidh bha iad a tairgsinn leasan!

Ged nach robh uiread a' gabhail pàirt ann an latha na h-inbhich, chòrd a latha gu mòr ris a h-uile duine. Bha barrachd na 's àbhaist anns an luchd-èisteachd agus bha sin na bhrosnachadh dha na còig còisirean agus an dusan farpaiseach eile a bha a' gabhail pàirt.

Tha sinn a nis a' deasachadh airson Loch Abar.

East Kilbride Provincial Mod

The East Kilbride Provincial Mod took place on the 2nd and 3rd of June 2017 in Mount Cameron Primary School.

Entries were much higher this year and it was a very successful Mod indeed!

We hope that entries continue to rise each year.

Many thanks to all those who took part in this year's competitions and thanks to all the volunteers who helped to make sure that this year's Provincial Mod was as success.

Oban Provincial Mod

This year's Oban Provincial Mod was enjoyed by all. The day of the Children's Mod was very busy with entries higher this year. The weather was also kind to us!

On the day there were competitors from as far North as Fort William and as far South as Lochgilphead taking part in competitions. The audiences enjoyed all the performances as all competitors had been well prepared for their competitions.

We had poetry, solo singing, instrumental and conversation competitions. It was great fun chatting to the High School pupils about social media. At the end of the discussion they were offering us lessons!

Although there were not as many taking part in the adult competitions, the day was very much enjoyed by everyone. The audience numbers were higher this year which was encouraging for the five choirs and the 12 solo competitors who took part.

We are now making preparations for Lochaber.



Mòdan Ionadail Provincial Mòds

Mòd Ionadail Ghlaschu 2017
Glasgow Provincial Mod 2017



Mòdan Ionadail

Provincial Mòds

Tuilleadh deilbh bho Mòd Ionadail an t-Eilean Sgitheanaich 2017

More from this year's Skye Provincial Mod





Mod Ionadail Ìle Islay Provincial Mod

2 Sultain / September

Contact:

alisongrayislay@aol.co.uk

Mòd Ionadach na Dreolluinn Mull Provincial Mòd

8 & 9 Sultainn / September

Contact:

mullmod@donnadugdale.co.uk

www.mullmod.org.uk

Mod Ionadail Bharraigh Barra Provincial Mod

30 Sultain / September

Contact:

camuskellaig@gmail.com

An robh fios agaibh gu bheil duilleagan meadhanan sòisealta aig cuid de na Mòdan Ionadail? Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn airson naidheachdan a thaobh na Mòdan aca.

Glaschu

Glasgow



[Glasgow Provincial
Mòd's Fa-
cebook](#)



Gallaibh

Caithness &
Sutherland



[Caithness &
Sutherland Provincial Mod's
Facebook](#)

Dùn Èideann

Edinburgh



[Edinburgh Provincial
Mòd's
Facebook](#)



**Clioc air na
ceanglaichean airson na
duilleagan aca fhaicinn**

Click on the
links to visit the
social media



Sruighlea

Stirling



[Stirling Provincial
Mod's Facebook](#)

Uibhist

Uist



[Uist Provincial
Mod's
Facebook](#)



Obar Pheallaidh

Aberfeldy



[Aberfeldy Provincial
Mod's Facebook](#)

Inbhir Nis

Inverness



[Inverness Provincial
Mod's
Facebook](#)





Còisir Gàidhlig an Iar Thuath a' sireadh Buill Ùr

Tha Còisir Gàidhlig an Iar Thuath a' lorg fir agus sopranos airson an Còisir aca, airson pàirt a ghabhail ann am Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am farpaisean a thèid a chumail anns a' Ghearasdan air an 18mh den Dàmhair. Gheibhear taic le na facail / ceòl. Chan fheumar a bhi fileanta sa' Ghàidhlig ach feumar a bhith dèidheil air a bhith seinn!

Bidh sinn a' coinneachadh gach oidhche Dhiardaoin .

Ma tha ùidh agaibh, nach cuir sibh fios thugainn.

Còisir Gàidhlig an Iar Thuath Looking for New Members

We are desperately short of sopranos and men for the forthcoming Mod hence we are putting out an appeal for any budding choristers to join us.

The competitions we sing in will be held in Fort William on 18th October. Help with words/music will be readily available - proficiency in Gaelic is not essential but a love of singing is!

Practices are currently held on Thursday evenings - either in Ullapool or Inchnadamph.

Please contact the choir if you would like to find out more.

<https://www.facebook.com/coisirghaidhliganarthuath/>



Meur Inbhir Nis

Bidh Meur Inbhir Nis den Chomunn Gàidhealach agus Comataidh Ionadail Mòd 2020 an làthair aig Fèill an t-Eilean Duibh, anns a' Bhàr Dubh air Diciadain an 2mh agus Diardaoin an 3mh den Lùnastal.

Ma tha botail agaibh a bhiodh sibh airson a thoirt dhuinn airson an tombola againn, bhiodh sin math dha rìreabh.

Cuiribh fios thugainn air an duilleag facebook againn no cuiribh post-d thugainn gu secretary@invernessprovincialmod.co.uk



Inverness Branch

Meur Inbhir Nis, along with the newly established Mod Inbhir Nis 2020 Local Organising Committee, are once again holding a fundraising tombola stall at the the Black Isle Show in Muir of Ord on Wed 2 and Thurs 3 August.

If you have any bottles you could donate (juice, alcohol, shampoo, shower gel etc.) these will be very gratefully received.

Please send us a message via Facebook or to secretary@invernessprovincialmod.co.uk to arrange drop off of donations.

Mòran taing!



Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh ris na farpaisean a leanas airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2017.

Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

Clàr-eagar Òigridh / Junior Syllabus

C144	Duet	13-18 years Open	One Song. Own Choice
C21	Storytelling	5-8 years Open	Tell a story of own choice. Maximum time is 4 mins.
C150	Recitation	16-18 years Open	Recitation of a piece of poetry. Own Choice. No actions.
C176	Fiddle Groups	U19 years	Play a minimum of 3 tunes in different tempos in traditional Highland Style. Performance not to exceed 5 mins.
C85	Chanter	U13 years	Play a March. Own Choice. 2 parts only. Entrants in this competition cannot enter C86.
C85A	Chanter		Play a Gaelic Air. Own Choice. 2 parts only.
C86	Bagpipes	U13years (Novice)	Play a March. Own Choice. Confined to those who have not on 1st prize in a Novice Competition prior to 15/10/2017. Entrants in this competition cannot enter C85
C130	Bagpipes	16-18 years	Play a March, Strathspey and Reel. Own Choice. Minimum 4 parts each
C131	Bagpipes	16-18 years	Play a Jig, Own Choice. Minimum 4 parts

Literary competitions

Junior entries should be typewritten, uncorrected original work.

Clàr-eagair Inbhich / Senior Syllabus

A220	Solo Singing (Ladies)	Singing of one song of competitor's choice. James Grant Memorial Prize
A2221	Solo Singing (Men)	Singing of one song of competitor's choice
A273	Presenting a Psalm	Present, in the traditional manner, two verses of an own choice psalm to a tune chosen from the Scottish Psalmody. "Congregational" support will be provided by the competitor's own choir or group. Group must consist of at least 6 persons. Previous winners may enter.
A277	Cèilidh Group	One Gaelic song with instrumental accompaniment and one cèilidh set. Competitor's choice
B372	Gaelic Waltz Set	Play a Gaelic Waltz set, own choice. Open to Accordion or fiddle (with piano accompaniment if desired). Minimum of 3 waltzes. 4 minutes maximum.

Chithear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A300 (Sìne Chaluim Bhàin)

Bar 21, Soprano 2 – solfa should be **la la so so so**. Staff is correct.

A304 (Ho-rò chan eil cadal orm)

Bar 62, soprano 2 & altos – **an sporan** should be **a sporan** as it is in Soprano 1.

A306 (Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh/Cha tèid mise Mhùgarradh/'S ann a' dol a Ghrùlainn)

Bar 5 & 6, Tenor – words as the Alto line

Bar 15 & 16, Bass – words are **Ah**_____

Bar 50, Tenor – should be the same as Soprano Bar 46 (G B B E E F# E - fa la la re re re mi re)

A308 (Poca sìl an t-sealgair/Nuair a bha mi'n cùl a' Bhealaich)

Bar 61, Alto part, first note should be a **low D (so)**

Bar 84 & 88, Tenor part, 7th note should be a **high D (so)**

Arranged by **Padruig Mooney**, not Seumas McAdam

C50

Prescribed Piece "An Ròs" is given on Mòd CD. However, this competition is own choice and appears as own choice in the syllabus. Competitors can recite "An Ròs" if they wish.

C71 (Balachan beag a' chuailein bhàin)

Bar 16 Verse 1 **sònraichte** changes to **sònraicht'**

C111 (Mo ghruagach dhonn)

Bar 36 **sgriobhadh** changes to **treabhadh**

C112 (Bàt' an Tàilleir/Rachainn a shuirghe air Oighrig/Buachaille dubh Fionnaghal)

Bar 10 add **air** to the final note in the bar (E, la)

A234—Tha sinn air an òran ainmichte airson an fharpais seo atharrachadh.

'S e '**Maighdean Loch nan Eala**' a th' ann an àite '**Eilean Cholla**'.

Cuiribh fios gu mairi@ancomunn.co.uk airson leth-bhreac den òran ùr fhaighinn.

A234 – Please note that we have changed the prescribed song for this competition.

It is now '**Maighdean Loch nan Eala**' instead of '**Eilean Cholla**'.

Please contact mairi@ancomunn.co.uk for a copy of this new song.

Earranan Ainmichte 2017 | Prescribed Pieces 2017

If you have any queries, please contact Màiri MacLeod at mairi@ancomunn.co.uk

Earrann na h-Òigridh | Junior Section

- BEUL AITHRIS—Fileantaich
ORALS— Fluent
 - C22 Tha Dadaidh agus Mamaidh
 - C22A(i) Miosachan
 - C22A(ii) Anns an dorchadas
 - C42(i) Bidh mo sheanmhair a’ gearan
 - C42(ii) Deich is a’ fàs
 - C42 Uilebheist Eilidh
 - C92 Seòladaireachd
 - C142 An roghainn fhèin (Own Choice)
- BEUL AITHRIS— Luchd-ionnsachaidh
ORALS— Learners
 - C26 Tha bòtannan dearg aig Màiri
 - C26A Feagal an tàirneanaich
 - C49 An teaghlach againne
 - C49A Àm èirigh
 - C100 An Crom-Lus
- BEUL-AITHRIS— Fosgailte
ORALS— Open
 - C150 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN NA CLOINNE—Fileantaich
SOLOS— Fluent
 - C23 Ho fiream foram
 - C23A(i) An tidsear
 - C23A(ii) Chluinn mi na h-eòin
 - C44(i) Maol Ruanaidh
 - C44(ii) Mo ghille dubh
 - C44A The smeòrach sa mhadainn chiùin
 - C45 Balaich an iasgaich
 - C45A Màiri Òg
 - C95 Hug ò laithill o ho ro
 - C96 Bràigh Loch Iall
- ÒRAIN NA CLOINNE— Luchd-ionnsachaidh
SOLOS— Learners
 - C27 Tha sinn uile toilichte
 - C27A An còineachan
 - C51 Tàladh Thròndairnis
 - C51A Eilean uaine fo cheò
 - C52 Toirt m’ aghaidh ri Diùra
 - C52A Buain na rainich taobh Loch Èite
 - C102 Gaol an t-Seòladair
 - C103 A Mhàiri dhonn
- ÒRAIN NA CLOINNE— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
SOLOS— Fluent & Learners
 - C155 An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C156 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN CHÒISIREAN— Fileantaich
CHORAL— Fluent
 - C71 Balachan beag a’ chuailein bhàin
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C72 Cairistiona
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C73 Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh
An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN CHÒISIREAN— Luchd-ionnsachaidh
CHORAL— Learners
 - C03 Faoin-thàladh
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C76 I hiùraibh ò chan eil mi slàn
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C77 Thoir mo shoraidh thar Ghunaigh
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C78 Fhuair mi nead na gurra-gùig
Fonn air a’ ghille dhonn
 - C173 Clò Mhic Ille Mhicheil
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C174 Leig dhìot an cadal is tionndaidh rium
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C175 Maighdeannan a’ Choire Dhuibh
Bainne nan Gobhar
Air an fhèill
- ÒRAIN CHÒISIREAN— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
CHORAL— Fluent & Learners
 - C110 Gur moch rinn mi dùsgadh
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C111 Mo ghruagach dhonn
An roghainn fhèin (Own Choice)
 - C112 Bat’ an Tàilleir
Rachainn a shuirghe air Oighrig
Buachaille dubh Fionnaghal

Earrann nan Inbheach | Senior Section

- BEUL AITHRIS— Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh

ORALS— Fluent & Learners

A200	Eadar samhraidh is foghar
A204	Tilleadh a Hìort
A205	Na Bleideagan

- ÒRAIN AON NEACH— Fileantaich

SOLOS— Fluent

A220	An roghainn fhèin (Own Choice)
A221	An roghainn fhèin (Own Choice)
A222	Alasdair Ghlinne Garadh
A223	Cumha na h-òige
GSL224	Fhir a dhìreas am bealach
GSM224	Cead deireannach nam beann
A234	Eilean Cholla

- ÒRAIN AON NEACH— Luchd-Ionnsachaidh

SOLO— Learners

A250	Allt an t-siùcair
A251	An Dubh Ghleannach
SSL254	Mo dhùthaich fhèin
SSM254	Thoir dhòmhsa an gleann

- ÒRAIN AON NEACH— Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh

SOLOS— Fluent & Learners

A271	Eilean Gorm Mhuile
A272	An roghainn fhèin (Own Choice)

- ÒRAIN CHÒISEARAN

CHORAL

A300	Sìne Chaluim Bhàin (Lorn Shield)
A301	'S e mo bheachd ort, a bhàis (Lovat & Tullibardine)
A302	Bu chaomh leam bhith mireadh (Margrat Duncan)
A303	Thug mi 'n oidhche 'n raor sunndach (Sherriff MacMaster)
A304	Ho-rò chan eil cadal orm (Ladies)
A305	Gille mo luaidh (Ladies)
A306	Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh Cha tèid mise Mhùgarradh 'S ann a' dol a Ghrùlainn (Puirt)
A307	Soraidh leis a' bhreacan ùr (Male)
A308	Poca sìl an t-sealgair Nuair a bha mi 'n Cùl a' Bhealaich
A309	An roghainn fhèin (Own Choice)

Aigeallan Airgid 2017

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn cuspair sònraichte. Airson 2017, 's e **'eileanan'** cuspair an òran dha farpaisean ann an A252 agus 's e **'seòladh'** cuspair an òran dha farpaisean ann an A253.

Silver Pendant Qualifying 2017

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually. For 2017, the theme for A252 (Ladies) is **'islands'** and for A253 (Men) is **'sailing'**.



Co-fharpaisèan Clàrsaich | Clàrsach Competitions

Folio of Mòd test pieces are available from:

Eleanor Marshall, Administrator
Comunn na Clàrsaich
Studio G43
Out of the Blur Drill Hall
36 Dalmeny Street
Edinburgh
EH6 8RG
Tel: 0131 554 0212
Email: office@clarsachsociety.co.uk

• JUNIOR COMPETITIONS (UNDER 18)

Solo singing with self-accompaniment

B320: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Solo playing—Introductory class for beginners (Up to Grade 1)*

B321: Own choice instrumental piece of Gaelic music.

Solo Playing—Elementary (Grade 1)*

B322: a) Cagaran Gaolach Arr. Toni Russell
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

Solo Playing—Intermediate 1 (Grade 2-3)*

B323: a) Lochaber Reel Arr. Fiona Rutherford
b) Own choice piece of Gaelic

Solo playing—Intermediate 2 (Grade 3-4)*

B323A: a) An Rathad gu Loch nam Bairneas
Arr. Eilidh Macleod
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

Solo playing—Advanced (Grade 5)*

B324: a) The Lochaber Gathering Arr. Ingrid Henderson
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 4 mins

Clàrsach Duet—under 13 yrs

B330: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Clàrsach Duet—13 to 18 yrs

B330A: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

Recital Class—Grade 6 and above

B332: Open to any players of gut and/or wire harp. A well balanced 10 minute programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

• SENIOR COMPETITIONS (18 YEARS AND OVER)

Solo playing—Elementary

B325: a) Tha'n Samhradh air Tighinn Arr. Jean Campbell
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo playing—Intermediate/Advanced

B326: a) Lochaber No More Arr. Isobel Mireas
b) Own Choice Piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

Solo singing with self-accompaniment

B327: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clarsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

Clàrsach Duet

B333: Own choice of a piece or set of piece of Gaelic music. Not to exceed 5 mins.

• OPEN COMPETITIONS

Composition Class

B329: An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for
a) solo clarsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or
b) voice and clarsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer. A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged— not the performance. Manuscripts are not required.

Còisir Ghàidhlig Chàrlabhaigh

Pre-Mod Ceilidh

Monday 31 July

At 7.30

Carloway Community Centre



Còisir Ghàidhlig Chàrlabhaigh plus local singers.

Teas, homebaking & raffle

Cha ghabh e chreidsinn gu bheil sinn an seo mar tha! Thigibh chun chèilidh againn Diluain - seo a' chiad turas a gheibh sinn air òrain a' Mhòid a dhèanamh air beulaibh dhaoine agus bhiodh sinn uabhasach taingeil ur taic fhaighinn!

It's this time of year again and we can barely believe it! We would be hugely grateful if you could come along and support us at our pre-Mòd cèilidh on Monday for our first performance as a (very nearly) full choir and you'll be treated to songs and music by our talented soloists as well!

Còisir Gàidhlig à Argentina a' Sireadh Taic Gaelic Choir from Argentina Looking for Support

We are writing on behalf of Ceòlraidh, the only choir in Latin America devoted to singing, promoting and keeping Gaelic language and music traditions alive.

We have been invited to participate in the Royal National Mod to be held in Dunoon 12-20 October 2018. After 15 years sharing our music locally, it would be a great pleasure for us to be able to travel to Scotland and share our music with you, especially when our founder's family came to Argentina from Rothesay.

As you can imagine, we will have to face high travel expenses and so we would be really grateful if some people could help us providing for lodging and/or local transport expenses for 10 people. In return, we would be willing to sing at any other venues you see fit while we are staying there.

We really hope we can make this project come true together.

Mòran tàing,

<http://www.coroceolraidh.com.ar/en/>



Ceòlraidh
A' choisir ghàidhlig - El Coro Gaélico

Siubhail an t-Saoghail...agus Sgrìobh!

A bheil thu am beachd do chasan a thoirt leat am bliadhna?

Chaidh a' chiad chunntas-siubhail sa Ghàidhlig, *A' Toirt Mo Chasan Leam* le Maureen NicLeòid, fhoillseachadh an-uiridh agus tha sinn airson tuilleadh dhaoine a bhrosnachadh gus sgrìobhadh mu dheidhinn siubhail.

Ge b' e càite an tèid thu tron t-samhradh – bothag no carabhan air an North Coast 500, teanta aig fèis-ciùil, taigh-òsta air an Costa del Sol no yurt ann an Àisia – tha sinn airson cluinntinn mu dheidhinn!

Cò ris a bha an sgìre agus na daoine coltach? An do thachair dad a-mach às an àbhaist fhad 's a bha thu ann? An robh cleachdaidhean sònraichte anns an sgìre? An do dh'ith no an do dh'òl thu biadh/deoch neo-àbhaisteach? An do thog thu facal no dhà ann an cànan eile? Am moladh tu an sgìre do luchd-turais eile?

Faodaidh tu eisimpleir de bhlog a leughadh air an làrach-lìn againn, a sgrìobh Micaela Ash, oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig, mu dheidhinn turais a ghabh i gu na Ranntairean Palastineach.

Nì sinn cruinneachadh de na pìosan-sgrìobhaidh agaibh agus thèid am foillseachadh air làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean ann an cruth e-leabhar.

Cuiridh sinn fàilte air pìosan-sgrìobhaidh ann an cruth sam bith – blog, bàrdachd, òran, aithisg, dealbh-cluiche no fiù 's vlog!

Feumaidh pìosan-sgrìobhaidh a bhith eadar 500-1000 facal agus faodar an sgrìobhadh sa Ghàidhlig a-mhàin no dà-chànanach.

Chan eil e gu diofar dè an ìre aig a bheil a' Ghàidhlig agad – thèid deasachadh a dhèanamh air a h-uile pìos mus tèid iad air-loidhne. Nach feuch thu e!

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air www.gaelicbooks.org. Cuiribh pìosan-sgrìobhaidh (agus dealbhan!) gu shelagh@gaelicbooks.org ro 31 Lùnastal.

Travel the World...and Write!

Are you planning to get away from it all this year?

The first Gaelic travelogue, *A' Toirt Mo Chasan Leam* by Maureen Macleod, was published last year and we'd like to encourage more people to write about their travels.

Wherever you're going this summer – a bothy or caravan on the North Coast 500, a tent at a music festival, a hotel on the Costa del Sol or a yurt in Asia – we want to hear about it!

What are the local area and people like? Did anything out of the ordinary happen on your trip? Were there any interesting local customs? Did you try any unusual food or drink? Did you pick up a couple of words in another language while you were there? Would you recommend the area to other tourists?

You can read an example of a blog on our website, written by Micaela Ash, a student at Sabhal Mòr Ostaig, about her trip to the Palestinian territories.

We'll compile your pieces of writing at the end of the summer and publish them as an e-book on the Gaelic Books Council's website.

We welcome writing in any format – blogs, poetry, songs, reports, plays or even vlogs!

Pieces should be between 500-1000 words and can be in Gaelic only or bilingual.

It doesn't matter what level your written Gaelic is at – all pieces will be edited before being published online. Give it a go!

More information is available at www.gaelicbooks.org. Pieces of writing (and pictures!) can be sent to shelagh@gaelicbooks.org until 31st August.



COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Siubhail an t-Saoghail
...agus Sgrìobh!

Co-fharpais Sgrìobhaidh ùr bho
Chomhairle nan Leabhraichean



Travel the World
...and Write!

A new Writing Competition from
the Gaelic Books Council



www.gaelicbooks.org



airson a h-uile leabhar
Gàidhlig a tha a dhith oirbh
for all your Gaelic book requirements



Tha Acair air mòran leabhraichean Gàidhlig, Beurla agus dà-chànanach fhoillseachadh. Le measgachadh dhe na leabhraichean as motha air a bheil fèill ri fhaighinn - bho sgeulachdan Ròsaidh Rabaid gu sgrìobhaidhean Shomhairle Mhic Ghill-eain agus Iain Mhic a' Ghobhainn - tha rudeigin againn do gach neach! Tadhlaibh air www.acairbooks.com




Acair publish a wide range of Gaelic, English and bilingual books. Our titles are all on show on our website at www.acairbookss.com so dip in and have a browse. From the adventures of kids favourites Rosie Rabbit and Mr Bear to the learned prose and soaring poems of Sorley Maclean and Iain Crichton Smith, there is something for everyone.



A' bharrachd air na sgeulachdan spreòdach a tha am broinn na leabhraichean cloinne a th' aig Acair, tha deilbh àlainn ann cuideachd, làn dath agus gnàthsan-cainnt - abair fealla-dhà!

As well as the exciting stories that Acair's books hold, they also include brilliant illustrations, full of both colour and expression – what fun!

Available online :- <http://www.acairbooks.com/categories/childrens-titles.aspx>



'Cò tha Siud?' le Rod Campbell

Tha dealbhan de cheathrad beathach air a bheil a' chlann eòlach san leabhar tràth irean seo.

Cuiridh iad an corrag orra, èighidh iad ainm gach beathach, is bidh an còmhraidh spòrsail is inntinneach a leanas cudromach gus sgilean càin a leasachadh.

There are 40 animals that children should recognise in this early years book. A fun book that will be both fun and informative for children learning Scottish Gaelic!

With Audio Version Available on Gaelic4Parents

Ceannaich an seo / Buy here - <http://www.acairbooks.com/cat.../all-products/co-tha-siud.aspx>

www.acairbooks.com

Celebrating Highland Culture

BLAS festival 2017

blas-festival.com

September 1-9 Sultain





Tha sinn airson na beachdan agaibh a chluinntinn

Chuir Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA romhpa rannsachadh a dhèanamh air aplacaidean (apps) ionnsachadh cànan, agus air dè cho feumail 's a dh'fhaodadh iad a bhith airson na Gàidhlig.

Tha sinn airson faighinn a-mach dè cho feumail agus a tha na h-aplacaidean ionnsachadh cànan a tha rim faighinn an-dràsta agus dè an seòrsa aplacaidean ionnsachaidh as fheàrr leibh airson cànanan ionnsachadh. Mura h-eil sibh a' cleachdadh aplacaid sam bith bu mhath leinn cluinntinn bhuaihb carson.

Tha sinn airson taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a ghabh pàirt anns an t-suirbhidh againn mu thràth. Mura h-eil sibh air an suirbhidh a dhèanamh, tha cothrom agaibh fathast.

Dèanaibh cinnteach gun lìon sibh a-steach e mus crìochnaich an sgrùdadh aig 5f Diciadain (02/08/2017).

Bhitheamaid fada nur comain - cha toir e fada idir!

We want to hear your thoughts

We, at Bòrd na Gàidhlig and MG ALBA, are currently doing research into language learning apps and how these could be useful for Gaelic.

We want to know your thoughts on how useful apps are for language learning and which apps are your favourite. If you don't currently use these apps we would also like to know why.

We would like to thank everyone who has already taken part in our survey on Survey Monkey. If you haven't filled one in yet, you still have time! Make sure you fill in a survey before it closes at 5pm on Wednesday (02/08/17).

We would be extremely grateful – it won't take long!

<https://www.surveymonkey.co.uk/r/aplacaidean-ionnsachaidh>

Bòrd na Gàidhlig a' cur Fàilte air Shannon

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air Shannon Cowie a bhios còmhla rinn airson 10 seachdainean air an Sgeama Greis Gnìomhachais.


'S ann à Inbhir Nis a tha Shannon agus tha i an-dràsta a' dèanamh ceum ann an Leigheas aig Oilthigh Ghlaschu. Tha i air a bhith gu mòr an sàs ann an iomairtean Gàidhlig an Oilthigh leithid an sgeama còmhnaidh 'Taigh na Gàidhlig' agus a' Chomuinn Oiseanaich.

Cuideachd bhuannaich Shannon an Duais Tosgaire Òg na Bliadhna aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2016.

Bòrd na Gàidhlig welcomes Shannon to the team

Shannon Cowie from Inverness has joined Bòrd na Gàidhlig for a 10-week period and we are enjoying working with her.

Shannon is currently studying at Glasgow University and is heavily involved in Gaelic activities there and was the winner of the Young Gaelic Ambassador of the Year at the Scottish Gaelic Awards 2016.



Beachdan Bhòrd na Gàidhlig airson a' Cho-chomhairleachaidh aig Ofcom	Response to Ofcom Consultation from Bòrd na Gàidhlig
A' sgrùdadh mar a tha am BBC a' coileanadh a' phrìomh chinn-uidhe aca agus nan adhbharan poblach a tha stiùireadh na h-obrach aca	Holding the BBC to account for the delivery of its mission and public purposes
Cùl-fhiosrachadh Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' chothrom gus beachdan a chur a-steach airson a' cho-chomhairleachaidh leis an tìotal, A' sgrùdadh mar a tha am BBC a' coileanadh a' phrìomh chinn-uidhe aca agus nan adhbharan poblach a tha stiùireadh na h-obrach aca. Tha e na dhleasdanas oirnn cànan is cultar na Gàidhlig a chur air adhart agus cor a' chàinain a leasachadh. Tha e na àrd-amas dhuinn gun seas a' Ghàidhlig mar chànan brìghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan. Tha e na amas dhuinn àrdachadh a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus air na cothroman a th' ann do dhaoine gus an cànan a chleachdadh, agus tha sinn air a chur romhainn iomhaigh a' chàinain agus a' chultair a thogail ann an Alba agus ann an dùthchannan eile. Tha sinn ag obair le taghadh farsaing de bhuidhnean poblach a tha dealbh is a' cur Phlanaichean Gàidhlig an gnìomh; bidh sinn a' toirt taic-airgid do bhuidhnean coimhearsnachd is daoine eile gus cuideachadh leis an obair 's na pròiseactan aca, agus bidh sinn a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba agus do dhaoine eile a thaobh adhartachadh na Gàidhlig. Tha e an urra ri Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh a h-uile còig bliadhna, agus tha sinn air Plana a dhealbhadh am-bliadhna airson 2017-2022. Tha Ministearan na h-Alba a' beachdachadh air an-dràsta mus tèid fhoillseachadh.	Background Bòrd na Gàidhlig welcomes the opportunity to respond to the consultation on holding the BBC to account for the delivery of its mission and public purposes. Our role is to promote and develop the Gaelic language and culture. Our vision is that Gaelic has a sustainable future as a healthy, vibrant language, increasingly used and respected in a modern, multicultural and multilingual Scotland. We aim to increase the number of Gaelic speakers and expand the range of opportunities for people to use the language, as well as raising the profile of the language and culture in Scotland and abroad. We work with a wide range of public bodies in developing Gaelic language plans, with community groups and others through funding support for their work and projects, as well as providing advice to Scottish Ministers and others on Gaelic development. Bòrd na Gàidhlig is responsible for producing a five-year national Gaelic language plan and this year, we drafted the Plan for 2017-2022. It is currently being considered by Scottish Ministers for publication.

Amasan airson na Gàidhlig Tha trì prìomh amasan sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig airson 2017-2022. 'S iad sin: fàs a thoirt cleachdadh na Gàidhlig, fàs a thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig agus an cànan is cultar a chur air adhart. Tha àite fìor chudromach aig BBC ALBA san iomairt gus ruighinn air na trì cinn-uidhe sin a tha sa Phlana, agus tha an obair aca a' dèanamh diofar glè mhòr agus i na taic do dhaoine a tha cleachdadh a' chàinain, agus a thaobh mar a tha i a' cuideachadh gus Gàidhlig fhighe a-steach ann am beatha làitheil muinntir na h-Alba agus a' toirt cothrom don a h-uile duine gus eòlas a chur air agus tlachd a ghabhail ann an cultar na Gàidhlig.	Aims for Gaelic There are three main strands to the National Gaelic Language Plan 2017-2022. It focuses on increasing the usage of Gaelic, increasing the learning of Gaelic and promoting the language and culture. BBC ALBA has a fundamental role in delivery of all three aspects of the Plan and as such, its work is of crucial importance in supporting all those who use the language, in making Gaelic a normal part of Scottish daily life and providing access to everyone to enjoy and experience Gaelic culture.
Coimhearsnachdan Gàidhlig Tha am Plana cuideachd a' comharrachadh trì diofar sheòrsaichean coimhearsnachd a tha feumach air taic bho iomairtean is leasachaidhean Gàidhlig. • Na coimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh gu làitheil agus far a bheil ìre àrd de luchd-labhairt a' chàinain san t-sluagh, agus a' mhòr-chuid de na coimhearsnachdan sin sna h-eileanan air taobh iar-thuath na h-Alba, • na coimhearsnachdan a tha sìor fhàs nas motha ann am bailtean is cathair-bhailtean na dùthcha agus aonadan is sgoiltean Gàidhlig gu tric aig teis-meadhan nan coimhearsnachdan sin, agus • a' choimhearsnachd dhidseatach, sgaoilte air feadh an t-saoghail agus barrachd is barrachd òigridh sa choimhearsnachd sin a tha cur seachad tòrr den ùine aca an lùib mheadhanan no dibhearsain air-loidhne. Tha coimhearsnachd na h-Alba gu lèir cuideachd fìor chudromach do dh'adhartachadh na Gàidhlig. Sheall rannsachadh ann an 2013¹ gun robh 80% den luchd-fhreagairt ag aontachadh gu mòr gu bheil Gàidhlig na pàirt susbainteach agus cudromach de dhualchas na h-Alba, agus a rèir an rannsachaidh b' e BBC ALBA an t-adhbhar bu mhotha a thug air daoine a bhith smaoinichadh sin.	Gaelic Communities The Plan also identifies three broad types of community that Gaelic development needs to support. • The communities, mostly in the islands of north-west Scotland, who use Gaelic daily and where numbers of speakers still form a high percentage of the population, • the growing communities in towns and cities which are primarily centred around the growth in Gaelic medium education, and • the digital community, spread across the world and comprising an increasing number of young people who consume a large part of their entertainment online. The wider Scottish community is also very important to growth in Gaelic. Research carried out in 2013² showed that 80% of respondents strongly agreed that Gaelic is a significant and important part of Scotland's heritage, and BBC ALBA was cited as the main reason for this view.

¹ Sgrùdadh air Beachdan Sòisealta na h-Alba 2013

² Scottish Social Attitudes Survey, 2013

Gàidhlig agus an Eaconamaidh Thathar air a bhith dèanamh barrachd rannsachaidh air luach eaconamach na Gàidhlig o chionn beagan bhliadhnaichean agus tha an luach sin cudromach do choimhearsnachdan traidiseanta a thaobh obraichean ùra, a bhith cruthachadh beairteas agus a bhith gleidheadh an t-sluaigh. A rèir sgrùdadh a rinn Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann an 2014³, bhathar a' meas gum faodadh a' Ghàidhlig suas ri £150 millean a chur ris an eaconamaidh gach bliadhna. Ann an sgrùdadh eile, chaidh tuairmse a dhèanamh air buaidh MG ALBA (a' bhuidheann a tha ag obair ann an com-pàirt ris a' BhBC agus BBC ALBA a mhaoineachadh is a stiùireadh) air eaconamaidh nan eilean⁴: <table border="0"> <tr> <td>Cosnaidhean (ILT)</td> <td>49.7</td> </tr> <tr> <td>Teachd-a-steach (£)</td> <td>1,282,232</td> </tr> <tr> <td>Luach Iomlan a Bharrachd (£)*</td> <td>1,092,822</td> </tr> </table> Tuairmse air na tha cùmhnanntan airson phrògraman telebhisein a' cur ris an eaconamaidh: <table border="0"> <tr> <td>Cosnaidhean (ILT)</td> <td>50.3</td> </tr> <tr> <td>Teachd-a-steach</td> <td>(£) 1,359,890</td> </tr> <tr> <td>Luach Iomlan a Bharrachd</td> <td>(£) 2,352,121</td> </tr> </table>	Cosnaidhean (ILT)	49.7	Teachd-a-steach (£)	1,282,232	Luach Iomlan a Bharrachd (£)*	1,092,822	Cosnaidhean (ILT)	50.3	Teachd-a-steach	(£) 1,359,890	Luach Iomlan a Bharrachd	(£) 2,352,121	Gaelic and the Economy In recent years, the economic value of Gaelic has been increasingly researched and its impact on the traditional communities is of importance in terms of employment creation, wealth generation and population retention. A study carried out by Highlands and Islands Enterprise in 2014⁵ estimated that the potential value of Gaelic as an economic asset was up to £150million per annum. A separate study estimated that MG ALBA, joint partner in BBC ALBA with the BBC, had the following impacts in the Islands⁶ <table border="0"> <tr> <td>Employment (FTE)</td> <td>49.7</td> </tr> <tr> <td>Income (£)</td> <td>1,282,232</td> </tr> <tr> <td>Gross Value Added (£)*</td> <td>1,092,822</td> </tr> </table> The impact of the television production contracts is estimated as: <table border="0"> <tr> <td>Employment (FTE)</td> <td>50.3</td> </tr> <tr> <td>Income</td> <td>(£) 1,359,890</td> </tr> <tr> <td>Gross Value Added</td> <td>(£) 2,352,121</td> </tr> </table>	Employment (FTE)	49.7	Income (£)	1,282,232	Gross Value Added (£)*	1,092,822	Employment (FTE)	50.3	Income	(£) 1,359,890	Gross Value Added	(£) 2,352,121
Cosnaidhean (ILT)	49.7																								
Teachd-a-steach (£)	1,282,232																								
Luach Iomlan a Bharrachd (£)*	1,092,822																								
Cosnaidhean (ILT)	50.3																								
Teachd-a-steach	(£) 1,359,890																								
Luach Iomlan a Bharrachd	(£) 2,352,121																								
Employment (FTE)	49.7																								
Income (£)	1,282,232																								
Gross Value Added (£)*	1,092,822																								
Employment (FTE)	50.3																								
Income	(£) 1,359,890																								
Gross Value Added	(£) 2,352,121																								
BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal Tha sinn an dòchas gu bheil e soilleir bhon fhiosrachadh gu h-àrd gu bheil sianalan telebhisein agus rèidio Gàidhlig fìor mhath is soirbheachail, le taghadh farsaing de phrògraman, deatamach ma tha a' Ghàidhlig a' dol a thighinn am feabhas ann an Alba agus ann an dùthchannan eile. Tha sinn den bheachd gu bheil feum air maoineachadh freagarrach agus sìostam riaghlaidh èifeachdach mar an dà phrìomh mheadhan gus dèanamh cinnteach gun tèid na sianalan sin a libhrigeadh mar bu chòir.	BBC ALBA and Radio nan Gàidheal We trust that it is clear from the foregoing that flourishing, wide-ranging, and high-quality Gaelic television and radio channels are essential to the growth of Gaelic in Scotland and elsewhere. We are of the view that appropriate funding and an effective regulatory regime are the main mechanisms to ensure that these channels are delivered.																								

³ Ar Stòras Gàidhlig – Iomairt na Gàidhealtachd, 2014

⁴ Buaidh Eaconamach MG ALBA: Aithisg Dheireannach 2015 – Reference Consultants

⁵ Our Gaelic Asset – Highlands & Islands Enterprise, 2014

⁶ Economic Impact of MG ALBA: Final Report 2015 – Reference Consultants

A thaobh BBC ALBA, tha sinn den bheachd gum bu chòir an sianal a bhith air a libhrigeadh ann an dòigh a tha toirt fa-near do phrìomh cheann-uidhe a' BhBC: a bhith ag obair a chum leas a' phobaill, agus iad a' frithealadh air gach seòrsa luchd-amhairc is luchd-èisteachd tro bhith libhrigeadh phrògraman is seirbheisean a tha fìor mhath, eadar-dhealaichte agus gun leiteachas agus a tha a' toirt fiosrachadh is oideachadh seachad agus sa bheil dibhearsain. Tha BBC ALBA mar BhBC 1 do luchd na Gàidhlig, sluagh sa bheil daoine de dh'iomadh seòrsa agus a bhuineas do dh'iomadh dualchas agus aig a bheil ùidh ann am iomadh nì eadar-dhealaichte agus mar sin tha feum aca air sianal a fhritheileas air iomadachd an t-sluaigh sin.	With reference to BBC ALBA, we are of the view that the channel should reflect the BBC's mission to act in the public interest, serving all audiences through the provision of impartial, high-quality and distinctive output and services which inform, educate and entertain. BBC ALBA is the equivalent of BBC One for the Gaelic community, a community which is comprised of people from diverse backgrounds with many different interests and therefore seeks a channel which reflects this.
Na Gheibhear air BBC ALBA an-dràsta Tha am BBC an-dràsta a' cur mu 4.2 uairean gach seachdain ris na tha BBC ALBA a' craoladh. Fiù 's leis na chuireas MG ALBA ris an t-sianal, tha an sianal fhathast a' craoladh fada cus phrògraman a chaidh a shealltainn mu thràth, leis an ìre de phrògraman a tha air an ath-chraoladh aig 74% (MG ALBA 2016). Tha an suidheachadh seo na adhbhar dragha mòr. Tha grunn phrìomh luchd-ùidhe air an dragh seo a thogail agus cho-dhùin an sgrùdadh aig Comhairle Luchd-amhairc is Luchd-èisteachd a' BhBC airson Alba, <i>'gun robh BBC ALBA a' dèanamh math...Gun robh an sianal a' dèanamh nas fheàrr na na targaidean a bha Urras a' BhBC air a stèidheachadh dha, ach gun robh cion maoineachaidh air, suidheachadh nach biodh seasmhach math dh'fhaodte san ùine fhada.'</i> Cuideachd, tha cuid a raointean cudromach de phrògraman far a bheil feum air leudachadh is leasachadh air BBC ALBA. Tha sinn gu cinnteach den bheachd, ma tha an sianal a' dol a libhrigeadh 'taghadh farsaing agus measgaichte' de phrògraman, gum feum am BBC barrachd airgid a chur mu choinneamh an t-sianail.	Current provision in BBC ALBA The BBC currently contributes around 4.2 hours per week to BBC ALBA. Even after MG ALBA's contribution, the channel remains over reliant on repeats with 74% of broadcasting consisting of repeat content (MG ALBA 2016). There is significant concern about this situation. This concern has been expressed by a number of key interests and the BBC Audience Council for Scotland Review concluded that <i>'BBC ALBA ... [was] performing well...The channel exceeds the targets set for it by the [BBC] Trust but suffers from under-funding which may not be sustainable in the longer term.'</i> In addition, there are certain key areas of programming that need to be increased on BBC ALBA. Our clear view is that if the channel is to deliver a 'wide and diverse range' of programming, this would require additional investment from the BBC.

Molaidhean	Recommendations
San Sgrìobhainn le Frèam-obrach a' BhBC, tha gealladh ann gum bu chòir don BhBC 'dèanamh cinnteach gu bheil taghadh farsaing agus measgaichte de phrògraman fìor mhath air an tabhann do dhaoine ann an Alba' ann an Gàidhlig agus tha sinn a' dèanamh gairdeachas ris a' ghealladh sin. A' leantainn air sin, tha an co-chomhairleachadh aig Ofcom a' toirt iomradh sònraichte air iomadachd (4.119-4.127) agus bhiomaid an dùil gum biodh sin air a thoirt fa-near sna dleastanasan craolaidh a tha air am buileachadh air BBC ALBA. A bharrachd air muinntir na Gàidhlig, tha BBC ALBA a' tarraing luchd-amhairc gu math nas fharsaing, agus iad a' coimhead air spòrs, ceòl agus prògraman aithriseach agus bu chòir am mìneachadh a th' air adhbhar BBC ALBA a bhith air a leudachadh gu bhith gabhail a-steach barrachd air dìreach luchd na Gàidhlig. Tha Ofcom air targaid de 75% a stèidheachadh airson prògraman a chaidh a dhèanamh a dh'aona-ghnathach airson BBC ALBA agus faodaidh sin a bhith gabhail a-steach prògraman air an ath-chraoladh. Chan eil sin a' fàgail dleastanas air a' BhBC gus barrachd maoineachaidh a chur an sàs airson an t-sianail no barrachd prògraman ùra a chruthachadh. Ach nuair a thig e gu CBBC agus CBeebies, tha Ofcom air targaidean de 400 agus 100 uair a thìde a stèidheachadh airson prògraman ùra. Tha sinn a' moladh gun stèidhich Ofcom targaid airson prògraman ùra san Fhrèam-obrach agus gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air mar a thèid sin a choileanadh. Mholamaid cuideachd gum biodh an targaid sin co-ionann ri targaidean a gheibhear airson prògraman ùra airson mhion-chànanan eile. Chan e a-mhàin gum bite a' frithealadh na b' fheàrr air luchd-amhairc is luchd-èisteachd, agus sin na phrìomh amas aig a' BhBC, ach cuideachd le targaid nas àirde bheireadh BBC ALBA buaidh nas motha air eaconamaidh na Gàidhlig tro na gnìomhachasan cruthachail. Tha an clàr gu h-ìosal feumail ann a bhith sealltainn mar a tha diofar ann a thaobh maoineachaidh eadar an dà shìanal airson chànanan dùthchasach a dh'aindeoin 's gu bheil	The BBC Framework Document includes the commitment that the BBC should 'ensure that a wide and diverse range of high quality programmes is made available to persons in Scotland' in Gaelic and we welcome this commitment. Similarly, Ofcom's consultation makes particular reference to diversity (4.119-4.127) and we would anticipate this being reflected in requirements made of BBC ALBA. In addition to the Gaelic community, BBC ALBA draws a much wider audience, consuming sport, music and factual/documentary programming and the definition of BBC ALBA's purpose should be widened to beyond solely Gaelic-interest. Ofcom has set a 75% original productions target for BBC ALBA which can include repeats. This does not place a duty on the BBC to increase its investment or provide additional content for first run programming. In contrast, Ofcom has set first run targets for CBBC and CBeebies of 400 and 100 hours respectively. We would recommend that Ofcom establishes a target for first run programmes in the Framework and performance is monitored on this basis. We would also recommend that this target should equal any other first run targets set for other minority languages. As well as better serving audiences which is the primary aim, an increased target would have a consequent beneficial impact from BBC ALBA on the role of the creative industries in the Gaelic economy. As an illustration of the difference in funding but the similarity in reach on a national level and indigenous language level, the following table is helpful.

rean ruigsinneachd na dhà dhiubh gu math coltach aig ìre nàiseanta agus am measg luchd-labhairt nan cànanan.									
	Air na thathar a' ruighinn gach seachdain sa chumantas	Ruigsinneachd a measg luchd-labhairt a' chànan dhùthchasaich (%)	Maoineachadh a' BhBC	Tursan Amhairc Air-loidhne		Average national weekly reach	Indigenous language reach (%)	BBC Funding	Online views
BBC ALBA	657,000*	74%	c.£7.4m	5.3m	BBC ALBA	657k*	74%	c.£7.4m	5.3m
S4C	629,000	79%	£75m	8.2m	S4C	629k	79%	£75m	8.2m
* 15% de shluagh na h-Alba a tha nas sine na 16.					* 15% of the Scottish population above age 16.				
Tha S4C a' faighinn maoineachadh a tha còrr is 10 uiread nas motha na tha BBC ALBA a' faighinn bhon BhBC a dh'aindeoin 's gu bheil cha mhòr an aon ìre de ruigsinneachd aca am measg luchd-labhairt nan cànanan dùthchasach aca agus a dh'aindeoin 's gu bheil BBC ALBA a' ruighinn air barrachd dhaoine gach seachdain. Chaidh an neo-ionannachd sin a chomharrachadh don BhBC air feadh na h-ùine a bhathar ag ùrachadh na Cairte, agus chaidh iarraidh air a' BhBC beachdachadh air an aon ìre de phrògraman Gàidhlig a dhèanamh do BhBC ALBA agus a tha iad a' dèanamh ann an Cuimris do S4C: 10 uairean a thìde de phrògraman ùra gach seachdain. A thaobh na ceiste mu bharrachd maoineachaidh, thuirt Comhairle Luchd-amhairc is Luchd-èisteachd a' BhBC airson Alba ann an 2016: <i>'Bu chòir don mhaoinachadh air fad airson seirbheisean Gàidhlig a' BhBC a bhith tighinn bhon mhaoin choitcheinn, agus chan ann bho bhuidseat BBC Scotland, agus bu chòir don BhBC ro-innleachd a stèidheachadh gus fuasgladh fhaighinn air neo-ionannachd neo-iomchaidh sam bith a thaobh mar a tha am BBC a' cur maoineachadh an sàs airson seirbheisean do mhion-chànanan air feadh na RA.'</i> Ged nach eil iomradh air seo ann an sgrìobhainnean a' Cho-chomhairleachaidh seo, bu thoigh leinn cothrom a ghabhail aire Ofcom a tharraing gu na h-àiteachan a th' aig BBC ALBA air Clàran Eileagtronaigeach nam Prògraman (EPGs), gu h-àraidh air Freeview. San ùine air thoiseach, tha sinn a' miannachadh gun tèid na h-àiteachan a th' aig BBC ALBA a ghleidheadh dha, oir tha sin cudromach a thaobh cho furasta 's a tha e do dhaoine an sianal a lorg agus a thaobh a bhith dèanamh Gàidhlig na nì àbhaisteach sa chomann-shòisealta san fharsaingeachd.					S4C receives over 10 times the amount of funding of BBC ALBA from the BBC despite there being a similar reach among indigenous language speaking audiences and a higher weekly reach on BBC ALBA. This disparity was highlighted to the BBC throughout the Charter renewal period and the BBC was asked to consider providing the same level of Gaelic language programming to BBC ALBA as it does for S4C in Welsh: 10 hours of original programming per week. On the question of additional funding the BBC Audience Council for Scotland's said in 2016: <i>'BBC Gaelic services should be entirely funded from the centre, not from BBC Scotland's budget, and the BBC should set a strategy to resolve any inappropriate disparity in the funding of BBC indigenous minority language services across the UK.'</i> While not part of the current Consultation documents, we would like to take the opportunity to draw Ofcom's attention to the BBC ALBA's placings on the EPGs, particularly in Freeview. In future developments, we would wish to see these placings retained by BBC ALBA as it is important to the channel's accessibility and the normalisation of Gaelic within wider society.				

Dh'fhoillsich am BBC am Plana Cruthachail aca airson 2017/18 o chionn ghoirid, agus an cois sin bha fios air mar a tha iad an dùil airgead nach beag a chosg mu choinneamh phrògraman cloinne. Tha sinn a' moladh gun tèid cuotathan aontaichte a stèidheachadh a thaobh na th' ann de shusbaint ùir a tha ga dèanamh a dh'aona-ghnothach airson prògraman cloinne Gàidhlig, agus airson nam meadhanan air-loidhne a tha ag amas air òigridh. Nì sin cinnteach gum faigh an dà raon sin an taic a tha dhith orra a nì cinnteach gun ruig iad air an òigridh mar bu chòir agus gun tog barrachd òigridh ùidh annta. Cuideachd sa Phlana Chruthachail tha barrachd fiosrachaidh mun t-sianal ùr a thathar a' moladh, BBC Scotland. Tha sinn a' cur fàilte air an airgead ùr agus mòr seo a thathar a' dol a chosg air telebhisean ann an Alba. Thuirt am BBC, <i>'Le bhith tòiseachadh sianal ùr agus le bhith cur maoinachadh ùr an sàs, tha sinn ag ràdh gum faigh BBC ALBA buannachdan follaiseach às a' sin... Tha sinn a' tomhas gun tèid againn air 100 uair a thide a bharrachd de phrògraman a dhèanamh a dh'aona-ghnothach don t-seirbheis. An-dràsta tha sinn a' toirt dhaibh 4.2 uairean a thide de phrògraman a dh'aona-ghnothach gach seachdain, bu thoigh leinn leudachadh de 3 uairean a thoirt air sin gu 7.2 uairean thairis air na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn.'</i> (BBC Scotland a' bruidhinn ris a' Chomataidh airson Cultair, Turasachd, na h-Eòrpa agus Dàimhean Taobh A-muigh aig Pàrlamaid na h-Alba). Thug am BBC iomradh cuideachd air mar a dh'fhaodadh cothroman a bhith aig BBC ALBA agus an sianal Albannach ùr gus susbaint a cho-mhaoineachadh. Tha sinn a' sireadh soilleireachadh, ge-tà, a thaobh dè na buannachdan a gheibh BBC ALBA bhon mhaoinachadh seo agus tha sinn ag iarraidh gum bi am frèam-riaghlaidh a' stèidheachadh co-theacsa agus targaidean a bheir taic do BhBC ALBA agus an t-seirbheis aca. Tha sinn cuideachd ag iarraidh gun coimhead am BBC air dè cho co-ionann 's a tha an ìre de phrògraman a thathar a' libhrigeadh air rèidio airson chànanan dùthchasach. An-dràsta, tha am BBC a' cosg £14.2m air Radio Cymru ach chan eil iad a' cosg ach £3.9m air Radio nan Gàidheal. Tha Radio nan Gàidheal air a bhith ruighinn gu cunbhalach air àireamh àrd (69%) de luchd na Gàidhlig ann an Alba (Aithisg Bhliadhnail a' BhBC 2015/16). Tha sinn airson gum faigh am BBC fuasgladh air an neo-ionannachd seo gus an urrainn do Radio nan Gàidheal leudachadh air an t-seirbheis a tha e a' toirt do luchd-èisteachd ann an Alba.	The BBC has recently published its Creative Plan for 2017/18, including an announcement of a significant investment for children's programming. We would recommend that quotas for first originations for children's Gaelic programming, and for online developments aimed at the youth audience, are established, to ensure that these two sectors are given the support required to ensure continued and increased engagement. The Creative Plan also provides further detail on the proposed BBC Scotland channel. Significant new investment in television provision in Scotland is very welcome. The BBC said, <i>'By launching the new channel and making the new investment, we are saying that obvious benefits will accrue to BBC Alba.... We estimate that we will be able to offer an additional 100 hours of originated programming to the service. We currently offer 4.2 hours of origination a week, and we would like that to increase over the next few years by 3 hours to 7.2 hours.'</i> (BBC Scotland to the Scottish Parliament's Culture, Tourism, Europe and External Relations Committee). The BBC also referred to the possibility of co-commissioning between BBC ALBA and the new Scottish channel. We would seek clarity, however, on how this investment will benefit BBC ALBA and look to the regulatory framework to provide context and targets which support BBC ALBA and its provision. We would also seek that the BBC look at its parity in programming between indigenous language radio. Currently the BBC provides £14.2m to Radio Cymru but only £3.9m for Radio nan Gàidheal. Radio nan Gàidheal continues to have a high reach (69%) among the Gaelic speaking population of Scotland (BBC Annual Report 2015/16). We would seek that the BBC address this disparity to enable Radio nan Gàidheal to further serve its audiences in Scotland.
Cuideachd, tha Ofcom air riatanas a stèidheachadh far am feum Radio Cymru a bhith ri fhaotainn air feadh na Cuimrigh (Clàr 4 de Sheirbheisean Poblach na RA). Tha sinn ag iarraidh gun tèid an aon riatanas a stèidheachadh a thaobh mar a tha Radio nan Gàidheal ri fhaotainn ann an Alba. San fharsaingeachd, mholamaid gum biodh amasan nas àirde is lèirsinn aig Ofcom airson na Gàidhlig, a thaobh telebhisean, rèidio agus susbaint air-loidhne, agus nì sin cinnteach gum bi am BBC a' frithealadh air coimhearsnachd eadar-mheasgaichte luchd-labhairt na Gàidhlig agus na daoine aig nach eil Gàidhlig. An lùib nan amasan àrda sin: dheigheadh na targaidean, air a bheilear a' ruighinn no a' toirt bàrr, àrdachadh; dheigheadh targaidean ùra a stèidheachadh airson phrògraman ùra a thèid a shealltainn airson a' chiad uair; bhite a' dèanamh cinnteach gun deigheadh susbaint ùr a chruthachadh is a chraoladh do luchd-ionnsachaidh; agus dhèante cinnteach aig a' char as lugha nach biodh an sianal ùr BBC Scotland a' dèanamh cron air BBC ALBA, agus gu dearbha gun cuireadh e ris an ìomhaigh nàiseanta a tha air a taisbeanadh le BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal.	Furthermore, Ofcom sets a requirement that Radio Cymru is available throughout Wales (Schedule 4 The UK Public Services). We would ask that a similar commitment is made for availability of Radio nan Gàidheal throughout Scotland. Overall, we would recommend that Ofcom is more ambitious for Gaelic, in terms of television, radio and online content, ensuring that the diverse community of Gaelic speakers and non-speakers is served by the BBC. This would include raising targets which are already being met or exceeded; setting new targets for first-run original productions; ensuring that new content for learners is created and broadcast; and that the development of a new BBC Scotland channel at the very least does not detract from BBC ALBA and in fact adds to the national identity as delivered through BBC ALBA and Radio nan Gàidheal.



Seachdain trang le 'BRAG' air iar Thuath Leòdhais an seachdain'sa.

Bha a' bhuidheann òigridh seo gu math trang ag obair air dealbhadh 's cruthachadh; bobhladh; air an lot; aig MG Alba; a' còcaireachd agus a' coiseachd a-measg rudan eile!

A group with Iomairt iar Thuath Leòdhais were busy with BRAG this week! A fun filled week of activities, learning & using Gaelic with new skills & meeting lots of people.

You'll get a glimpse of what we were up to from the photos!





Bookbug Sessions

Free **story**, **song** and **rhyme** sessions for babies, toddlers, pre-school children and their families

Furan Bookbug - Gaelic Sessions

Saturdays at 10.30am

Furan Gaelic Centre, Corran Halls

Learn Gaelic with your child in a fun, informal way through action songs, rhymes and stories

For further details please contact:

Duncan MacNeil – 01631 567 886

To find details of your nearest Bookbug Session, please visit
scottishbooktrust.com/bookbug



ALBA | CHRUTHACHAIL



Furan



Cearcall *Còmhraidh* *Gaelic Conversation Group*

*(A relaxed, informal conversation group for
adults with all Gaelic abilities)*

Gach Disathairne/Each Saturday
12pm – 1.30pm
Furan Gaelic Centre, Corran Halls, Oban
FREE

For more information, please call:
01631 567 886
or e-mail:
Duncan.Macneil@argyll-bute.gov.uk

Furan
Ionad Gàidhlig An Òbain
Oban Gaelic Centre
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid





Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealaichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.



<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>

TIDSEAR BUN-SGOILE (FOGHLAM TRON GHÀIDHLIG)

Àite: Bun-sgoil Bun Easain, Muile

Tuarastal: £22,416 - £35,763 sa bhliadhna

Uairean: 35.00 gach seachdain

Seòrsa Cùmhnaidh: Maireannach (Làn-thìde)

Ceann-latha airson larrtasan: Dihaoine 11 Lùnastal

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tabhann taic-airgead leis an dreuchd seo gus cuideachadh le bhith dèanamh imrich.

*Cuiribh iarrtas a-steach tro: My Job Scotland
Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhith oirbh, cuiribh fios gu:*

Anne Margaret Houston

Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

Post-d: annemargaret.houston@argyll-bute.gov.uk



YOUNG FILMS

Bheil sibh airson nochdadh ann am Bannan?

Woud you like to appear in Bannan?

EXTRAS REQUIRED

**Filming will take place in Sleat
from the 28th August - 29th September.**

**This exciting opportunity includes pay and the chance to experience
television drama from a unique perspective.**

Gaelic is not essential. Please share.

Please contact: sarahjane@youngfilms.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

